

b. c.

H. M. 184.

Typ 207 287

Very Rare







x
3
3.2

LAOIDHEAN SPIORADAIL,

LE

DOMHNULL MATHANACH,

DUINÉ URRAMACH DIADHAIDH,

A BHA ANN AN

SGIRE CHIL-DONNAIN,

AN CATAOBH.

B'ídh air 'n fhírean cuimhne shíorruidh.
Iomradh chubhy' cha d'theid air di-chuimhn'.
Air dh'a bhí marbh (ach beo 'n Críosa).
Le meas ghaoil tha e labh'rt risd ruinn.

AN DARA CLODH-BHUALADH,

ATH-LEASAICHTHE AGUS MEUDAICHTHE.

BAL-DHUTHAIS: *Ch*

dh-bhuailte le Coinnach Dughlas agus a Chuideachá.

1825.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

ADVERTISEMENT.

THE Author of the following Pieces was a native of Sutherland-shire, and resided from his youth in the heights of the Parish of Kildonan. He was born in 1719, and died January, 1782. Though destitute of the advantages of education, he was one of the most celebrated Christians in that, or perhaps any other country. He possessed a clear and comprehensive view of Divine truths; and discovered (what, alas! is more rarely to be met with) a deep and practical experience of its power on the heart and life. His memory to this day in that country is much and justly revered, and will be long embalmed in the hearts of many who knew and could appreciate his worth. It will be seen from the following Pieces, that he was also a Christian Poet, and that in no ordinary degree. They were composed on different occasions; and most of them relate to occurrences in the ways of Providence respecting himself, of which he was not an inattentive observer. They may nevertheless be useful to others, and especially to serious and exercised Christians. It is with this intention, and at the importunity of friends who reckoned them worthy of being preserved, and more generally spread, that they are now published. The Work necessarily labours under the disadvantages of a posthumous one; and the dialect in which it is written, but which it was not thought proper to alter, may not be quite intelligible to those in the more Southern Districts of the Highlands. It is hoped, nevertheless, that its circulation may be attended with no small degree of usefulness; and, under this impression, we most cordially give the Publication our humble sanction.

JOHN MACDONALD.
JOHN KENNEDY.

AN CLAR-INNSIDH.

Taobh duilleig

- 1—Oran a rìnn e 'n uair bha nìthe an t-saoghal so 'ga thréig-eadh... .. 1
- 2—A' tagair gu 'm bitheadh an Tighearn na dhìdean dh'a ann an crnaidh-chàs, agus air stiùir anam a' dol tre an t-saoghal 1
- 3—Oran a rinn e ann am Muilean, a' faicinn an nìsge a tighinn air, agus anam féin tioram, mar lómradh Ghìdeon.. 1
- 4—Oran a rinn e aig àm an d'robh e ann an ùinneas mòr... 1
- 5—Tuiteam an duine bho Dhia: tearnadh tre Chrìosd—Dì-chuimhne Dhaoine air maitheas an Tighearn—agus an dimeas air an ath bhreith..... 1
- 6—Oran air Glòir agus buaidh na h-Eiric a phaigh Crìosd airson nan daoine taghte 1
- 7—Ga bheil gach duine tha air ath-bhreith gun aobhar ghearain..... 2
- 8—Oran a rinn e aig àm an d'robh e gun làthraich, agus cuid de a luchd eolais, gun a bhì a' breithneachadh matheas an Tighearna dh'a, a' meas a chor a bhì ro losal—Fhuair e an sin, coslach ri Iob, tuille is dha uiread 'sa chaill e.. 2
- 9—Oran a rinn e aig àm an deach mòr shluagh as an Dubhaich do America, air lorg foireigin na'n daoine mòra..... 2
- 10—Oran a rinn e air Coimhearsnaich mu 'n cuairt dh'a, a bha ann an ainbreite, a' caineadh 'sa deanamh rannaidh-eachd shalach do cheile; is bha feumail ann an cosg' a chuir air an cleachdaidhean..... 2
- 11—Oran a rinn e do ANNA MURCHIE, bean araidh; ri àm foghar' fliuch, 'n uair a bha i air a sarachadh le easchreidimh..... 2
- 12—Oran a rinn e ri am gainne..... 2
- 13—Oran a rinn e ann am bliadhna na gainne, rè am Cogadh America.. 2
- 14—Oran a rinn e ann an tìmean trioblaidach..... 2
- 15—Marbh-rann a rinn e do Mhaighstir HUISTEAN ROSS, Ministear a bha ann an Cildonnain..... 2
- 16—Marbh-rann do HUISTEAN MATHANACH, duine diadhbaidh a bha ann an Sgìre Childonnain. Le A. GORDON 2
- 17—Marbh-rann do SHEARRA McCULLOCH, a bha 'n Dor-noch 2
- 18—Oran do Mhìstres GORDON, bean ucramach bh'n Achadh-na-moine, ann an Sgìre Childonnain..... 2
- 19—Oran do NIAL MACPHERSON, a bha na Fhear-Cheasnachaidh ann an Sgìre Haeric, ann an Gall'aobh..... 2
- 20—Marbh-rann do SHEORAS MACAOB, Fear Aricbliqie, an Sgìre Chil donnain..... 2
- 21—Marbh-rann do HUISTEAN MACAOB. Odhe do Fhear Aricbliqie, an Sgìre Chìldonnain, cha thabhairt air falbh leis a bhàs 'n Iameca, 1814. Le a Bhrathair a sinne.. 2

LAOIDHEAN SPIORADAIL.



—Oran a rinn e 'n uair a bha nithe an t-saoghal so 'ga thréigeadh.

John D. Mc ——— John Tosh Belmontie

MITHICH dh'omhs'a bhi tuirsgeadh,*

'San dus a' triall m' fhàgail,
m' aghaidh chuir romhan,
Ann an gnothaich nò thearnadh ;
Th dar sheallas mi stigh,
Air seana-chridh' cheud Adhamh,
mòr th'orm do leth-ghrabhadh,
Thug ur-chadal a bhàis orm.

Th' e cridhe gun chreidimh,
Làn aidich gun ghràsan,
Th' ghabhadh le faileas,
Mar dhearbhaich air tearnadh ;
Th' e cridhe a tha feòlmhor,
'S leis nach deoin dhol dachaidh,
Tha sealltuinn ri saoghal,
Mar iodhal le tlachd ann.

Th' e cridhe dar 'bheireas am bàs orm,
'S nach fhàr mi dhul as uaith,
Th' e cridhe mhaith an uair sin na Chrìosd e,
Gu m' dhìon bho do cheartas.
Th' e cridhe is ochan mar tha mi !
'S mi 'san fhasaich an cunnart,
Th' e cridhe us Iordan a bhàis
Na chuan bàthaidh tha cumant.†

Th' e cridhe r fhaigh mi 'n caochladh glòrmhor ;
Air an fheadil a tha malluicht',
Th' e cridhe us cobhair na Trìonaid,
Do m' dhìon bho gach cunnart ;

* Preparing for a journey. † Common.

Cha ruig mi leas bhi 'g innseadh
 Ciod a dh'iomrainn gu tearnadh ;
 Cha dean ni's lugh' no Criosd e,
 An Iobart tha làidir :

A fhuair buaidh air an t-saoghal,
 Air daoine 's air Sàtain,
 'Sa dh'fhosgail geatacha' Shioin
 Do gach neach a chaidh thearnadh.
 Bheiream comhairl' oirbh 'bhràithrean,
 Na'm b'àill leibh 'bhi beò,
 Gun sibh d'ur milleadh le saoghal,
 'Tha 'caochladh mar cheò.

Nach 'eil sibh 'faicinn na daoine
 Th' air leaghadh sìos leis màr ròin,*
 A chuir an cul'aobh ri Criosd leis,
 'Sa leig dhiubh a bhi beò :
 'S mòr mo thruas ris gach duine
 'Tha 'n taobh muigh do 'n Fhear-thearnaidh,
 'S tha fathast na *strains'*ear†
 Do mhac cinnteach Israeil.

'S mi-chinnteach an oighreachd,
 'S cha 'n fhoighnich mi a h-àireamh,
 Cha 'n 'eil i ac' ach air earball,
 Dar dheargas am bàs orr' ;
 Dar dheargas am bàs orm,
 'S nach fhar mi dul as uaith ;
 Dar dhiùltas na glùinean,
 'Sam beul nach dean labhairt :

'Sa chluais nach dean clàisdean,
 'San t-sùil nach dean faicinn ;
 Tha so 'gam agair ni's tric' gu ùrnuigh,
 Mo thim a bhi 'caitheamh ;
 'Sam bàs a' tighinn dlùth dhomh,
 Nach gabh diùltadh dar thig e,
 Le comhairl' mo chàirdean,
 Le ràthan no bileach. §

Ach dar gheibh am bàs so comas,
 A Sion bho 'n Tighearna,

* A sea animal. † Or, coigreach. § Bills.

Thig e-san mar Earraid
 Le cabhaig do m' iarraidh :
 Ach cionnus dh' fheudainns' bhi beò
 Mar biodh Stòras an Athair,
 A thug Criosd na Glòire,
 Mar lòn dhomh ri chaitheamh.

Ach dar sheallas mi 'siosa,
 Orm fhein a chlàit* shalach,
 Cuiridh sud mi gu h-ìosal
 A sios aig do chathair ;
 Aig cathair do thròcair,
 Tha sòlas ri fhàighinn,
 Na 's mò na saoghal,
 Ged dh'fhaodt' a ghleidheadh.

Tha 'n Spiorad Naomh ann,
 'S e mar Shaor† a sior shnaidheadh ;
 Dheanadh Creidmhach a cealgair,
 As an earbainne m'anam :
 Dh'earbainn ann m'anam,
 Is dheanainn deth bràthair,
 Le gaol ni bu doimhne
 Na gheibheadh aon mhac mo mhàthair.

§ ma 's e 's nach bitheadh e,
 Ach na dhuine 'thaobh nàduir,
 § goirid a leanadh e mise,
 Tre mheadhon mo nàimhdean ;
 'ar am bheil naomhachd,
 Tha mìneachd is irisleachd ;
 'ha saorsinn is càirdeas
 Anns gach cearnaidh ri shireadh :

¶ tra dh'eir'eas a Ghrian orr'
 A nios gu suilleach,
 § heibhear iadsan an tra sin
 Mar aon àl ann do bhroilleach :
 § e so am bainne,
 Tha fallain gu àrach,
 § anns nach 'eil a chrodhaich, §
 Ged a tha 'ar 'ga àicheadh.

* A clout. † Carpenter. § Something that adulterates the milk.

'Se gliocas na nathrach,
 Agus *puision** an t-*Satain*,
 Dh'fhag mis' cho an-toileach
 Air an talamh so fhagail :
 Ach na 'n tigeadh 'n geur-leanmhuim
 Sin dar dh' aithnicht' na bràithrean :
 Oir theidheadh iad cuideachd
 Mar chaoraich do 'n fhàsaich

'S ged sgapaidhte bho chéile
 Cha 'n eugadh an cairdeas,
 'S cha sguireadh iad a dh'ùrnuigh,
 Ged a bhùitichte bās orr' ;
 Ged bhuitichte bās orr',
 Bha lorg Dhaibhidh 'gan cobhair,
 Dheanadh an cumail a 'n aird,
 'N uair b' aird na tonnan,

A bheireadh a null iad air Jordan,
 Gun am brògan a bhogadh,
 A stigh air geata' na gloire,
 Sud an ceòl ac' gun obadh ;
 Tha 'n ceòl ac' gun obadh,
 Is aobhar ogan gu brach e,
 Do chlann na h-ath-bhreith,
 Oir gheibh iad an sàth dheth.

Ach ma shiubblas iad mi-cheart,
 Cha chaomhainn e stracain ; †
 Cha toir e buill dhoibh diomhan,
 Ach d' an dion o 'n t-Satain.
 Nach truagh leatsa daoine,
 Tha gun naomhachd gun ghlasan,
 Gun dearbhachd o 'n fhèirinn,
 Air cinnteachas tearnaidh.

Tha 'n creach air an cul'aobh,
 Tha 'n sùilean air iadhadh,
 Tha 'n cridhe na shuidhe,
 Air nithe di-buan ri 'n iarruidh,
 Nach cruaidh leat cuid do luchd-comuin,
 Gun sùgh ach alladh § ghrasan,

* Poison. † Stripes. § Clùe.

tha nan luidh' ann am muineas†
Fo dhalladh aig Satan.

thilg thairis an fhìrinn,
A tha 'g innseadh mar 'tha iad,
nach téid anam gun naomhachd
A chaidh ch' steach do Phàrras.
ch na 'n chleachda sibh dìcheall,
'Sa chealgairachd aicheadh,
dheanamh fathasd 'n 'ur naoimh sibh,
'S 'n ur luchd-aon-tigh air fhàrdaich.

a smuainichidh a chairdean,
Nach bu chradh leam 'ur dìobhall
ar thig laithean an fhoghair,
Is tìm taghaidh nan diasan,
ar thig laithean an fhoghair,
Is tìm taghaidh nan diasan,
nach neach gheibhear gun ghrasan,
Gheibh a Satan a sios iad.

ch cha 'n urra' mi innseadh
Gach ni tha na cbradh dhomh,
Theud 'sa tha mi a' faicinn
Do mhi-chleachdadh air t-fhabhar,
deigh daoine bhi tainneadh,
'San t-aran air aicheadh,
'tha iad a rithist air tionnda'
Gu cleamhnas ri 'n abhaist.

Gu cleamhnas ri 'n abhaist,
'S cùis chraidh bhi 'g am faicinn,
e ith agus le òl,
Le an-steòrnadh 's mi-chleachdamh;
uid eile cho chrion diabh
'Deanamh dia agus taic dheth;
mur caochail sibh abhaist,
Bithidh 'm bās na chùis ghrabh dhuibh.

* Slott.

II.—*A' tagair gu 'm bitheadh an Tighear:
na dhèidean dh'a ann an cruaidh-chàs, agu
air stiùir anam a' dol tre an t-saoghal.*

OCH a ghaoil ! bi air mo stiùir,
Oir 's iomadh sùil tha 'g amharc orm ;*
freumh an uile nach deach a bhuaibh
Mar eunlaith luath a' cruinneachadh :

Dar dh'éireas iad-san a suas,
Bitheadh do lámhs' gu luath 'san eadargain ;
'S bitheadh naombachd 'gabhail buaidh
'Measg an t-sluaigh gu maireannach.

'S far na thog thu clach is ùir,
Cha dùchas leat bhi dealachdain :
Is da olc 's gu 'm bi do chlann,
Tionndaidh tu dbachaidh iad ;

'N uair a bhitheas an raidean cām,
Cha chaomhainn thu an ceasnachadh,
'N uair a bhitheas an cridhe teann,
Labhraidh tu ri 'm faireachdain.

Ach, O ! gabh truas ri talamh bān,
Tha fathast slan gun charachadh ;
Is cuir-sa sìol air bharr nam beann,
Oir gheall thu ann a t-fhacal c :

Is da olc 'sa gu 'm bi an grùnd, †
Bithidh sguaban tròm tigh'n dhachaidh dheth,
Dar bheir an aimsir toradh tròm,
Gun duille chall no dhealachdain.

Is tu mo ghaol, is tu mo ghradh,
Na 'n t-òr is fearr ri fhaighinn thu,
Nach bi air do thionnda' gu cradh,
'S nach urra 'm bas do dhealachadh :

* In this Song, every four lines form a stanza; each two lines to be twice repeated (which make eight), and that in the following manner, viz. :—The third and fourth to be repeated also as the fifth and sixth, and the sixth and the seventh begin the next stanza.
† Ground.

Oh! nach fuiling sibh dhomh 'radh,
 Gu 'm b'aluinn peighinn sporan* d'heith;
 Ach 'sann a tha mo thruas gu brach
 Ris a phairt ud nach d'fhoirich e:

Ach cha 'n 'eil leigheas air an cās,
 A 's fearr na bhi feitheamh ris;
 Dir iads' a leanas chum na crìch,
 Bithidh an sith-sa maireannach:

Beasaichidh 'se 'n crùn air an ceann,
 'Se so mo chlann 's cha 'n eagail doibh,
 Ach 'se tha 'n diugh na chùis bhròin,
 Laghad beò is faireachdain:

Ach cha 'n 'eil neach ann 'n staid nan gràs,
 Nach 'eil a' cradh a ghearan so,
 'S nach ann bhitheadh fhios agam c'ait bheil smùd,
 'Sa chuile bhrùite ri fhoireachdain:

Ach am pàrtaichinn mo ghaol,
 'S gu cleachdainn saorsa m' fhoireacdan,
 Beibheadh sinn beath na naoimh,
 'S thigeadh sinn gu fearrachas: †

Ann an tìm an d'thigeadh chrìoch,
 Bhitheadh i na beannachd dhuinn;
 Beibheadh sinn n-ar di-sairse' §
 Bho chorp a bhàis 'san dealachdan:

Gu 'm b'e sud an aobhar chiùil
 Ri lath' ceò mar th'againn so,
 Ni 'dol a stigh do thìr Chanaain,
 Do ghabhail làn gun dealachdan:

'S fhearainn nach d'théid an daors',
 'S air nach caochail maighstir;
 Gach neach a thàras a dhol ann,
 A choidhch cha 'n fhaicear ainnis orr':

Ach bithidh aca-san r'a radh,
 Gur bochd a bha sinn 'roimhe so.
 Am feud sud a bhi gun ghaol
 Do 'n Trionaid uile-chumbachdach:

* Illusion to pocket-money. † Social intercourse. § Discharge.

Do 'n Fhear-shaoraidh is mò glòir,
 A bha 'san fheòil gu fulachd ann ;
 'S do Athair nan uile ghràs,
 Rinn an t-slàint so ullachadh.

*III.—Oran a rinn e ann am Muilean, a' faic-
 inn an uisge a' tighinn air, agus anam féir-
 tioram, mar lomradh Ghideon.*

MO thruaighe léir ! mo thruaighe léir !

Mo thruaigh' léir ! mar 'tha mi !

Tha mo lomradh uile tioram,

'S coslach mis' ri fàsaich :

Ma labhras mi air cruas cridhe,

'S daighean streangan* Shatain ;

Ma labhras mi mu inntinn dhorch,

Tha i doilbh ri rèiteach :

Mo thruaighe leir ! mo thruaighe leir !

Mo thruaigh' leir ! mar tha mi !

Tha mo lomradh uile tioram,

'S coslach mis' ri fàsaich :

Ma labhras mi mu pheacadh 'n t-sannt'

'Se ceud-glinn clann an t-Satain,

'S ma labhras mi air anam marbh,

'S dlùth do dhorsa' bàis e :

Mo thruaighe leir ! mo thruaighe leir !

Mo thruaigh' leir ! mar tha mi !

Tha mo lomradh uile tioram,

'S coslach mis' ri fàsaich :

Ma labhras mi mu thoil tha truailidh,

'S gruaim each mi ri m' fhagail ;

'S ma labhras mi mu 'n cas-chreidimh,

'S leibideach a phlaigh e.

Mo thruaighe leir ! mo thruaighe leir !

Mo thruaigh' leir ! mar tha mi !

* Strings or cords.

ma mo lomradh uile tioram,
 'S coslach mis' ri fasaich :
 ch na 'm faicinn buidh'n eile 'sileadh,
 Bhithinn-sa ni b' fhearr dheth ;
 cha chreidinn nach fhaighinn mo shlaint
 Na 'm bitheadh rān* 'san fhasaich.

o thruaighe leir ! mo thruaigh leir !
 Mo thruaigh' leir mar tha mi !
 ma mo lomradh uile tioram,
 'S coslach mis' ri fasaich :
 ch 'se th'air mo tholladh easbhuidh comuinn,
 'S mi fo alladh grabhaidh ;
 cha 'n 'eil e air an taobhs' do ghlòir
 Na ni mo leòn-sa charadh :

ch tha mis' fèitheamh air an uisg'.
 Mar thalamh tioram Ahaib,
 dar a ni Elijah ùrnuigh,
 Theid mo chùis-sa rèiteach ;
 thig na frasan air a ghrund,
 'S bi'dh meas an fhuinn ni's fearr dheth,
 gheibh mis' ol' a theid mo làmp
 Na 'm boil le ceann an t-Satain.

gheibh nise' ol' a theid mo làmp
 Na 'm boil le ceann an t-Satain ;
 a tha m' Fhear-saoraidh beò,
 Se sud mo ghlòir 's mo ghaird' chas :
 Athair muileach, m' Athair muileach,
 M' Athair muileach glormhor',
 'smuaineachadh air meud do *ghibht*
 S mor ri mheas do throcair.

'smuaineachadh air meud do *ghibht*.
 S mor ri mheas do throcair ;
 th'air mo phian' meud mo chrionadh,
 S mi 'san fhìonan glormhor ;
 th'air mo phian' meud mo chrionadh,
 S mi 'san fhìonan glormhor,
 dar thig an dealt bi'dh figis pailt,
 s falbhaidh 'n tìd† reothts' uainn'.

* Cry of weeping. † Season.

Ach dar thig an dealt bi'dh figis pailt,
 Is falbhaidh 'n tìd reothts' uainn'.
 Ged 'eil mis' fuar, tha d'ghealladhs' buan,
 Ge fhaigh mi suain de 'n traigh so :
 Dar thig an tuil bi'dh 'n airc sa mhuir,
 'S bi'dh na sionnaich air 'm bàth'dh,
 'Theid Noah 'steach, 'E-fein 'sa shliochd,
 'S cha d'theid a h-aon diubh fhagail.

IV.—*Oran a rinn e aig àm an d'robh e an
 an tinneas mòr.*

CIA b'e shireadh a lath'r-san,
 Bu chomunn e nach failingeadh,
 'Se nach deanamb m'aicheadh
 Dar bhithinn 'sās am fhèum ;
 Oir tha chairdeas maireannach,
 Is iom'dh ni a' leantuinn air,
 'S maig ris nach canadh tu,
 O is leanabh dhomh thu fein !

Oir tha thu stōrasach,*
 'S prothaiteach a' t-ōrduighean,
 'S bithidh t-fhirinns' a' seolladh,
 Gach neach d' an eòl thu fein ;
 Nam b'aill leat bhi urramach,
 'S do chairdean bhi maireannach,
 Feuch g'an sir thu cleamhnas
 Ri teaghlach uasal ard.

'S ma 's maith leat cinneanta' i,
 Bitheadh smior na h-uile fin' innt',
 Is dar ni e 'n cruinneachadh,
 Is cionald air a threud ;
 Is na ni e fhagail
 Ged bhiodh ann do chairdean,
 Cha 'n fharmaid leam an abhaist,
 Is aobhar craidh iad féin.

* Wealthy.

Bha peacadh dualach dhoibh,
 Bithidh ifrinn ac' na tuarasdal;
 Bithidh ceann an fhuathais,
 A' riaghladh orr' gu sior.
 Ach Médail an t-Oighr' uasal
 Bha 'sa bhitheas buadhach,
 Gach neach bheir gradh d'a thuairsgeul,
 Bithidh thuarasdal d'a réir.

Bithidh E uilé grasmhor,
 Is cuimhneach air a chairdean,
 Fhad 'sa mhaircas dh'a-san
 Cha 'n fhaic e iads' a'm feum,
 Ged bhitheadh iad gun aodach,
 Gun olainn air no caoraich,
 Gun arbhar anns na raonta'
 Am feasd cha dibir e-sa.

Ged thiormaicheadh an teudan,
 Bithidh é-s' mar dhealt 'sa cheitean,*
 Bheir e fas d'an geugan,
 'S cha ghabh e éis dheth miann:
 Mar sheallas e le 'shùilean
 Air sionnaich bheag na' cùilean
 Bithidh iad gu 'n glùinean,
 'Se sud an lùths' a chrion.

Ach 'se mo ghradh-sa fìonain
 Do nach dual bhi crionadh,
 S air nach dearg na sianntan,
 Gu milleadh sìol 'sa ghrund.
 'S a'n suidhicht' ann na geugan,
 'S criona a tha fo ghrèin,
 Dh' fhasadh iad mar Shèdar
 'S mar Lebanon nan crann.

Bithidh thionndadh chraobh-fhìon iad,
 Gu 'naduir fèin gu sgiamhach,
 Agus chidht' orr' fìogais,
 'Bha air crionadh anns a ghleann,
 Bha roirch' so 'san fhasach,
 Nan cnamhan tioram fàsail,

* A season in the month of May, so called.

'S dar shìn è-s' ri 'n aiteach,
Gu brach cha 'n iad a bh' am.

Oir fasaidh iad gu h-uallach,
Mar chraobhan phailm buadhach;

Bhì'dh fig's 'n ait a chluaran,
'S an t-uan an ait a nheinn:

Ach b'è so na laith' brònach,
Le aideachadh is eòlas,

'Smuaineachadh gur beò iad,
'N trair nach eòl dhoibh 'm bas.

Cha'n fheud meas na' naomhachd

'Bhi air mnathan no air daoine,

Dh' easbhuidh ath-bhreith fhìrinneach,

Air inndreachdan tre ghràs,

O! nach d'thoir iad gaol duit

Ris na chleachd thu saorsain,

'Sa bh-iannaich thu le naomhachd,

Bho dhaors' an dara bas.

Na 'm bi'dh cuimhn' air cairdeas,

Is taisbeanadh do ghraidh-san,

Cha bu sheirbhis bhealach

A bheireadh iad-san dhuit;

Ach umhladh le dìcheall,

An spiorad is am fìrinn

Ath-bheothaich sinn le naomhachd,

'Se sin dar ni sinn leat.

V.—*Tuiteam an duine bho Dhia: tearna
tre Chrìosd—Di-chuimhne Dhaoine a
maitheas an Tighearn—agus an dimeas a
an ath-bhreith.*

AR sinnseara bho thùs,

Dar chaill iad an lùths,

Mhill iad an cùis air sùsdan* àl.

Tha 'n truaileadh so lionmhor,

* Thousand.

Dh' fhag mis anns an fhìonain
 Mar chraobh th' air crìona' gun fhig's gun bhlàth.
 Ach moladh do 'n Trionaid,
 Dh'hlormhoire, sgiambach,
 A phlanntaig dhuinn fìonain tre lionmhorachd gràis,
 Agus fearr na lios Edein,
 Agus an d' thainig a bhèist* ud
 Le meas na geug agus breug ann a beùl.
 An sin dh' fhàs peaca' ro lionmhor,
 'ha dhomhsa na plàna',
 Dh' fhag mis' cho' mi-sgiamach, 'm fianuis mo ghràidh.
 Ach meudal an t-Adhamh,
 Ach meallor 'sa ghara'
 Chuir cath air an t-Satan 'san fhàsaich mar thas
 'ha chualas riamh Rìgh,
 Huir cath ré a linn,
 Gun duine 'bhi ann ach e-féin ;
 Ged dh' fhuiling e 'm bàs,
 U 'n d' bhuannaich e 'm blàr,
 Le ais-eirigh àluinn, a dheigh.
 An d' dar dh'eirich e suas,
 U 'n d' choisinn e duais,
 Ni beartach a shluagh gu léir,
 'ha 'n airgiod 's cha 'n òr,
 Dh' fhalbhas mar cheò,
 Ach gràsan, is gloir na dheigh.
 Ach gheibh iad faraon,
 'haithe ann an tìm,
 Uiread 'sa chi e orra feum,
 'ha cor am faigh iad na 's aill,
 'ha h'earbainn-s' gu 'm b'fhearr
 Fhàgail gu àilgheas fein.
 'ha 'ha chunnaic e 'n tùs,
 'ha ar a chluich iad an cùrs',
 Dar thug e dhoibh dùn gun fheum,
 'ha inn cunniachd bhò†
 'ha hetin meallan de 'n òr,
 A tabhairt dha glòir gun chéill.

* Alluding to the Tempter in the shape of a serpent.

† The Golden Calf.

Gun sealltuinn a suas
 Ri Athair na truais,
 'Sgoilt dhoibh an cuan 'nam feum,
 Thug iadsan a nuli
 Air muir is air tuinn,
 'S chuir Pharaoh an grund, gu leir.

Tha e-sa 'sa shluagh
 'Nan luidh anns a chuan,
 'S cha 'n fhacas an gluasad a dheigh :
 Ach shaòilinn' gu 'm buair'
 A thainig air sluagh,
 Dhi-chuimhnich cho luath dhoibh 'm féum.

Ach thugamaid glòir
 Do Athair nam beò,
 'Dhéilig* cho tròcaireach riu ;
 Thug aithne do Mhaois,
 G' an gabhadh e 'n laogh,
 'S g' an ruithead e ris air uisg.

G'an deanadh iad òl,
 'S gu'm faicid le bròn,
 Gur dus agus ceò 'bha 'n sud.

Ach tha 'n ath-bhreith an tràths'
 Air a meas anns an àls',
 Gu 'm foghain blàth airson meas ;
 Ach 's grabhail am bàs
 Do dh' easbhuidh a ghràs,
 Bithidh esan na phlaigh a ni sgrìos.

Ach pilleams' a rithist
 Do m' ionnsuidh fhéin,
 D'an dùchas bhi crìon air bheag meas ;
 'S mar biodh gur buadhach
 Do thruas is do ghras,
 Bhithinn' air m' fhagail ris.

VI.—*Oran air G'òir agus buaidh na h-Eirì
 a phaigh Crìosd airson nan daoine taghte.*

ATHAIR na glòire
 Tha do thròcair do-aireamh,

* Dealt.

S tha 'n ath-bhreith na daighneachd†

Air an oighreachd a 's airde,

Air a sgrìobhadh le Daimon,

Is fuil an Oighre, na h-earlas;

S ann air a chrann-cheus'

Chaidh 'n eiric a phaigheadh.

S ann air a chrann cheus'

Chaidh 'n eiric a phaigheadh,

S ann tre thoradh na fola

Fhuair thu ratlad gu teanadh,

S nam boil le innleachd an deamhuin

Thùg e mach a Dhi-sairse*†

eis an ais-eirigh ghlòrmhor,

'S mòr a ceòl do na cairdean.

eis an ais-eirigh ghlòrmhor,

'S mor a ceòl do na cairdean,

S i siach-inntinn an Athair i,

'S i taitneas nan naoimh i:

S i criòchan an lagh,

'S i seadb na h-uile ìobairt;

S mairg tha gun fhìor-ghras,

Dheanamh sta dheth Fear-saoraidh.

ann tha a mi-shealbh† sìorruidh

Air daoine fiadhaich gun ghrasan,

h'air an sìtheachadh le nadur,

Bheir amhan iad gu Satan;

S i smuaineachadh air nadur,

'S cùis chraidh bhi 'ga innseadh,

na chreid e gu teanadh,

'S cha 'n 'eil sgath air roimh dhiteadh.

mairg tha gun fhìor-ghras

Dheanamh sta dheth Fear-saoraidh,

neireadh null sinn air Iordan

Gu tir ghlormhor na saorsainn,

r nach 'eil èis do Chesair,

No luchd-èigin ri fhaotuinn,

h far am meal iad a lathair

S a chairdeas gun chaochladh.

* Discharge. † Misfortune.

'S e chuir am *battal* is buadhaich
 Bha riamh anns an t-saogal,
 O'n t-seathadh uaire, gus
 An d' rainig e naoi dhiabh,
 Cha d' robh aige fear fuaraidh,
 'S e a chruadal thug saorsainn ;
 'S maireg tha gun fhìor-ghras,
 Dheanamh sta dheth Fear-saoraidh.

Cia b' e aig am bheil cuingeanan glan
 Gu aithneachdan naomhachd,
 'S eigin dha-s' bhi craiteach
 Airson fasuidheachd dh'aoine,
 'S eigin dha-s' bhi craiteach
 Airson fasuidheachd dh'aoine,
 'S maireg tha gun fhìor-ghras,
 Dheanamh sta dheth Fear-saoraidh.

Oh ! nach dean iad do mholadh,
 'Mach a fineach' na talmhuinn,
 Aig am bheil fuil a chrathaidh
 Air posta an anama ;
 'S gach neach gheibhear d'a h-easbhuidh,
 Mar threabhar air gainmheach,
 A leagas na stoirmean
 D'ar dh'fhalbhas a Chaingis.*

Bheirinn mo chomhairle
 Do gach neach tha 'san t-saoghal,
 Iad do shireadh le ùrnuigh,
 'San sùil ri Fear-saoraidh,
 Ag iarraidh an Lighiche,
 Fhad 'sa tha e ri fhaotuinn,
 'S maireg tha gun fhìor-ghràs,
 Dheanamh sta dheth Fear-saoraidh.

Oir tha 'n tìm air a caitheamh
 'S tha 'n aoise mi-chinnteach,
 Agus aignidhean lionmhor,
 Cho fuar ris na faolaich ; †
 'S còmhradh cho folaimh,
 Dh' easbhuidh salluinn na naomhachd :
 'S maireg tha gun fhìor-ghràs,
 Dheanamh sta dheth Fear-saoraidh.

* Whitsunday. † Faoitreach.

Oir tha 'n tìm air a caitheamh,
 'Sa 'n aoise cho mi-chinnteach,
 'S ma theid i uile seachad,
 'S beag taitneas gach ni dhuinn,
 'S ùrnuighean lìomhor,
 Gun sgiamh annt', gun fhìrinn;
 'S mairg tha gun fhìor-ghràs,
 Dhcanamh stà dheth Fear-saoraidh.

Ach 's tu an toiseach, 's tu 'n deireadh,
 'S tu 'n Alpha 's Omega,
 'S bithidh mi-shealbh sìorruidh
 Air gach sluagh 'ni do thréigeadh.
 Ach 's tu an toiseach, 's tu 'n deireadh,
 'S tu 'n Alpha 's Omega,
 'S bithidh mi-shealbh sìorruidh
 Air gach shluagh 'ni do thréigeadh.

*Son an t-Mac Intosh Deltonic
 December 2nd 1812*

II.— Gu bheil gach duine tha air ath-bhreith
 gun aobhar ghearain.

✓ A bitheadh duine de 'n bharaill
 Gu bheil e son' anns an t-saoghal,
 ha na choigreach do 'n ath-bhreith,
 'S tha folamh de naomhachd.
 a bitheadh duine 'gearan,
 Air cruaidh-chàsan tìmeil,
 nuair greim air an ath-bhreith,
 'Sa tha sealbhachadh naomhachd.

nàr' 's nàire ri chlàistin,
 Leanabh ghras' a bhi 'gearan,
 na 'sealbhachadh naomhachd,
 'S tha cinnteach a ath-bhreith;
 r cha 'n 'eil staid nan Rìghrean
 Aeh mar chruinn-leum na crealaig,
 là is teithe 'san t-samhradh,
 Sud an geamhradh 'ga caitheamh.

eh cha bu mhaith leam mo bhraithrean
 Fhagail cho chumhang



Ëi creidimh na dearbhachd,
 'S fhuair sealbh ann a fhulang;
 Cha 'n ionann Glòir agus tìm,
 Cha 'n ionann daoin' agus Dia,
 Cha 'n ionann gaol re fad là
 Agus gaol a mhaireas gu sìor'.

Oir tha gach comunn crìochnaichte
 'Crìonadh aig a bhàs,
 Dar tha gaol nan naoimh a' tòiseachadh,
 D'an dualachas 'bhi fàs,
 Tha 'n gaol sin gu nadurach
 Ag éiridh 'nàird bho ghràs,
 'S bho ghlin na h-ath-bhreith fhirinnich,
 -Le Spiorad Naomh nan gràs.

M'ulaidh is m' aighear,
 M'aighear 's mo ghradh thu,
 Co ris an sìneadh tu
 Nach d'thugadh tu gu gradhan,*
 Ged bhitheadh ann *Légion*
 De dh'armailt an t-Satain,
 Chuireadh tu 's na mùcan iad,
 'S do Ifrinn, na 'm b' aill leat.

Ach 'se th'air mo sgaradh
 An talamh 'bhi na fhasaich,
 Na naoimh air 'n toirt dhachaidh,
 Is beag a' tighinn 'nan àit-san ;
 Ach nan tòisicheadh tus' ri oibir,
 Sgiobalt theidheadh ceann oirr',
 Bheireadh tu fàs air a chruithneachd,
 'S mharbhadh tu an t-an-lus.

Ach tha breitheanais nan Iùdhaich
 Air tighinn dlùth dhuinn 'san àm so,
 An soisgeul bhi gun chumhachd,
 'San ath-bhreith 'bhi gann ann ;
 An soisgeul bhi gun chumhachd,
 'San ath-bhreith bhi gann ann ;
 'S mar dean thus' ar pilleadh
 Theid ar milleadh 'sa gheambradh.

* Gu feum, no bleedh.

C'ulaidh is m'aighear,
 M'aighear agus méudal,*
 tu thiorc Ninebheh,
 Dar bha i air a treigeadh ;
 hual thu a sgreadh
 Is fhreagair thu an éigh',
 rinn thu an teagasg
 Le eagal is beag foghlum.

ha 'n ionann sin is sinne,
 Bha thu 'teagasg iomadh bliadh'n ;
 dar thainig thus' 'dh'iarraidh meas oirnn',
 'Se fhuair thu dearcan fiadhaich,
 ged thoill sinn gu bràch
 T-fhabhair d'ar treigeadh,
 e sealladh de Immanuel
 'Shlanuicheadh gu leir sinn.

III.—*Oran a rinn e aig am an d'robh e gur
 lathraich, agus cuid de luchd-eòlas, gun a
 bhi a' breithnachadh maitheas an Tighearn.
 dh'a, a' meas gu 'n d'robh a chor a nis ro-
 iosal. Fhuair e an sin, cosmhuil ri lob,
 tuille is a dha uiread 'sa chaill e.*

[HA luchd faicinn is eòlais
 Faicinn leòn anns mo chrann-chur,
 ch tha mis' mar Eithear† a' seòladh,
 'S mhuir fuidh 'ga h-ìomchain ;
 ir is maith do ghrasan
 Gu àrach an anamain,
 e bann§ is cinntich' a aran
 Na 'n talamh ri leanmhuinn.
 e bann is cinntich' a aran
 Na 'n talamh ri leanmhuinn ;
 ed 'eil iomradh 'am barail
 Mi 'bhi folamh gun earbs',
 e 'm Biobal mo bharrant,
 S cha 'n eagal gur gann domh,

* Expression of strong affection.

† A Boat, § Bond.

Is bithidh mi beò air an toradh
As deigh do 'n fhaileas so, tionnda'.

Cha 'n e dìth 's nach 'eil stòras,
Gu leòir aig an Athair,
Ach dìth 's nach fhuilings' fhaotainn,
Ach lòn tìde r'a chaithe'.
Dar bha Israel 'san fhasaich
'Ga àrach le *manna*,
Cha d'robh cead a chuir cruinn ac'
Ach na dh'imridht' gu chaithe'.

Ach 's cumhang goirid a bharaill
Th'aig daoine folamh gun glarasa',
Air freasdal an Athair,
Fhuair iomadh rathad gu tearna';
B'fhearr na nithe so fhoineachd
Ri Elijah am Fàidh,
Dar bha e anns a charaig,
Gun dad ann a lathair :

Chuir e fitheach do ionnsuidh
Le meildidh* 'gu thearnadh;
Le meildidh gu 'thearnadh,
Mus fhaillinneadh aran;
'S ged lobhadh na raointe,
'S gun bheathach ni bhi 'san talamh,
Gheibheadh do phobulls' an arach
As deigh do chach bhi folamh.

As deigh do chach a bhi folamh
Tha 'm beath falaichte an Criosd ac';
'S ann dheth feartain na fola
Fhuair' iomadh rathad gu dìon doibh;
'S dar theid an eigheachd gu cala',
Chuir solus air gnìomhra',
Gheibh iad saors' o'n eallaich,
'S bho na tonnan gu siorruidh.

Ach cha 'n ann 'san uilean air cluasag
Tha thu 'cunail 'suas do phobuill,
Na mar ainmhuidh 'san raon,
Tha 'ga lionadh, gu cadaal,

* Lòn, biadh.

Ach a bhí air an ruagadh

Mar uain' 'am measg mhadraidh.

Is iad a' dùraigeadh 'm fas'chadh

An aon tra as an talamh.

Ach b'e so latha na dubhaich

Do luchd subhaich an t-saoghaidh.

A bhí 'teannadh stigh orr',

Tìm tearbaidh na'n naoimh uath ;

Cha 'n fhaigh iad 'choidhch' tuille

An tròcair a 's lugh' ann 'n tìmh uaith,

Ach bithidh 'cheartas 'g an craidhneadh*

Ma' ri deamh'na dhaontan.

Ma' ri deamh'na dhaontan,

Bithidh daoine gun ghrasan,

Thilg thairis an fhirinn,

'Tha 'g innseadh mar 'tha iad ;

Ach dar thig lath' an tionail,

'S gach fine na lathair,

'S cùis chraidh a bhí 'faicinn,

Meud na feachd bhitheas aig Satan.



*IX — Oran a rinn e aig am an deach mòr-
shluagh as an Dùthaich do America, aig
lorg foreigin na 'n daoine mòra.*

THA mi 'faicinn iongantas

Air tighinn anns an àm ;

Cha 'n 'eil againn ach bhí 'g éisdeachd

Na chanas é-sa ruinn,

Buinidh nithe na follaiseach

Dhuinne a's do ar cloinn.

Ach na nicheanan tha uaigneach

'Se dhìomhaireachds' tha ann.

Ach tha mi 'faicinn faileas

De na nithe bh'ann bho chèinn,

Dar tha pobull Israel,

'San Eiphit ann am pèin :

* Tormenting.

Thug e le laimh làidir iad
 A mach bho Pharaoh féin,
 'S dh' fhosgail e an cuan doibh
 Dar 'luathaich e an deigh.

Tha mi 'faicinn deuchainnean
 An tràthsa air gach làimh,
 Teaghlaichean bha urramach
 Air leagadh mhàn an ceann,
 Seirbhisich nan Uachdarain,
 Is oighreachan na'n clann,*
 An talamh làn de éigin,
 A Dhè co sheasas ann !

Tha mi 'faicinn rìsdich
 An fhìrinn air a ceann ;
 Doras a bhi air fhosgladh
 'N uair a bha an iomair† teann ;
 'S na'm b' chlann cùmhnant
 A dhùraigeadh dhul ann,
 Dh'fhosgladh e na flaitheanas
 Mus d'thigeadh iad gu mall'.

'S ged theidheadh iad do Char'lina,
 No do mhìr tha fo 'n ghréin,
 Cha b' urra dhoibh tachairt
 Ach ann an talamh féin ;
 'S iad oighreachan na 'n geallaidhean,
 'S bithidh 'n solumas† d'a reir ;
 'S ged thigeadh iad gu cruaidh-chas
 Theid fuasgladh orr' na 'm feum.

Tha mi faicinn iongantas,
 Air tighinn anns an àm,
 Ach se coi-lionadh na fìrinn e,
 Bha air innseadh dhuinn roi' làimh ;
 Gu 'm bitheadh àite aouarach,
 Daoine air 'n cuir ann,
 'S gu 'm bitheadh iad air aitireadh†
 Le càiteal agus clann.

Feudaidh 'n glan 's an salach,
 Bhi 'n aon-uair anns an long,

* Aig an àm so bha Iarla Chat 's Mor'ear Mac-Aoi air an to
 air falbh le bàs, agus an oighreachan na 'n clann òg

† A rig of land. § Abundance. || Inhabited.

An cogal is an cruithneachd,
 Bhi air an cuir 'san aon fhonn,
 Is fàsaidh iad cuidcachd,
 Gus am bi am foghar ann,
 Dar thig tìm na dealaichdean
 Eadar cruithneachd agus moll.

Ma chanas sibh gur breugach so,
 Leughaidh e bho 'n tuil:
 N uair nach d'robh air fhàgail
 Ach an àirc gu sìol-cuir,
 Ma leughas sibh gu grund e:
 'S eigin dhuibh an sguir,
 Ma 's breithnich sibh reusand'
 Gach creutair bha 'n sud.

Ach 'se tha cuir orm iongantas,
 Cionnus bha iad beò,
 An t-uan agus am madradh
 Air an cuir anns an aon chrò,
 An nathair is an duine,
 Chaidh an tùs leatha 'leon;
 Gach beathach glan 's neo-ghlan,
 Cionnus fhuair iad lòn.

Ged bhithinnse cho gòrach,
 'S gu 'n deònaichinn dhul ann,
 Mar d'theidhinn air an rathad,
 Cha 'n fhada bhithinn ann;
 'S ann tha mo shùil ri baile
 Is fearainn nach bi gann,
 Far nach caochail maighstir,
 'S nach imir cliath no crann.

Tha uachdarain na 'n daorsainn
 Do dhaoine anns an àm,
 G am fuadachadh 's 'gar teannachadh
 Gu tìr ni maith do 'n clann;
 Ach moladh bhi gu bràch
 Do 'n Tì .s airde glòir,
 Fhuair amach am fosgladh ud,
 'Sa dheasaich dhoibh an lòn.

Se mo bharail air na càirdean,
 Tha 'n tràthsa fada uainn,

Gu 'n dean Dia an libhrigeadh*
 Bho chumbachd gaoith is cuain ;
 'G ged 'eil dàn mar dhùrachd†
 Aig uaisle an taobh-tuath,
 Gheibheir an cuid litrichean
 Is teisteanas am buaidh.

X.—*Oran a rin e air Coimhearsnaich mu 'n cuairt dh'a, a bha ann an amhreite, a cain-eadh 'sa deanamh rannaidheachd shalach do cheile ; is a bha feumail ann an cosg' a chuir air an cleachdaidhean.*

BHO dh'ith sinn an Ubhal
 Thanaig dubhaich is bròn,
 'S iads' tha dh' easbhuidh na h-ath-bhreith
 Gheibhear toibheum 'nan ceòl ;
 'S leòir m'leud dhoibh mar pheanas,
 Na leanas ri 'n dòigh,
 'S ma bheir iad creideas do 'n fhìrinn-
 Tha i 'g' innseadh na 's leòir.

Bha mi ceithir bliadhna fichead
 Air aon inntinn riu-fein ;
 Ach airson sùsana de shaoghail
 Cha d' theidhinn rì'sd as an deigh,
 Gu leantainn ri 'n àbhais,
 Mar àbhais dhomh fein,
 'S ma gheibh mis dhe fhabhar,
 Theid an còrr as a dheigh.

Tha naimhdeas na naithreach,
 'Ga fheuchainn bho thùs,
 Air teachd bho Adhamh,
 Mar phlaigh air gach fèoil ;
 'S mar fhaigh sibh an atù-bhreith-
 An talamh na'm beò,
 Gu 'n theid sibh gu Ifrinn
 Le dubhaich is bròn.

Iads' a chuireas do 'n fheòil
 Bithidh bròn ann am buain ;

* Deliver.

† Dan mar dhùrachd, means to have according to wish.

Ach iads' a chuireas do na Spiorad,
 Bithidh solas 'nan duais,
 Nach fhacas le sùilean,
 'S nach cualas le cluais,
 Meud, doimhn', agus àirde,
 Am fabhair 'sam buaidh.

Bheirinn maitheanas bho m' chridhe
 Do gach néach fo 'n ghrein,
 Na 'n deanadh iad tionndadh
 Bho gach taunt tha 'nam beul ;
 Cha bhi mi ris an rud shalach
 Tha gràineil anna féin,
 Air am bheil aogais na h-Ifrinn
 A' sruthadh bho 'm beul.

Nach ann a gheibheadh sibh solus,
 Is foireachdan bheò,
 S gu 'n deanadh sibh tionnda'
 A dh'ionnsuidh nam beò,
 Far nach 'eil gàmhaldas
 No taunt ann an ceòl,
 Ach seinn agus moladh
 'Ga shealbhachadh 'n glòir.

S tu 'm 'ulaidh, 's tu m' aighear,
 'S tu m' aighear 's mo ghràdh ;
 Shoillsicheadh 'n inntinn,
 'Sa chaochailleadh chàil,
 Chuireadh gras anns a chridh'
 Is moladh 'sa bheàl,
 Sa phridhigeadh* le naomhachd,
 Do naoimh anns gach là.

Cha 'n 'eil gealladh 'san fhirinn
 Bho thoisich gu crìoch,
 Air am bheil còir aig na daoine-s'
 Gus an caochail iad rian ;
 Cha 'n 'eil bagair 'sa Bhìobal
 Air a sgrìobhadh bho thòs',
 Nach buin do na daoine-s',
 Ach an caochail iad ceòl.

* In allusion to seasoning of meat with salt or pickle.

Ach bheirinn mo chomhairl,
 Na 'n gabhaid i uam,
 Bhi leantuinn gach abhais
 A b' fhearr anns a duais,
 Nan creideadh sibh 'n fhìrinn
 Mar dh'fheudainns' à luaidh,
 'S ann bu mho n'ur fhabhar
 'Sa bhās, ge b'e uair.

*XI.—Oran do ANNA MHURCHIE, bean ar
 aidh; ri àm foghar' fliuch, 'n uair bha i ai
 a sarachadh le eas-chreidimh, agus thuir
 i " Gur h-ann dheilig Dia gu cairdeach ri
 a mhuinntir a thug e dhachaidh o an droc-
 latha."*

ANNA, dheilig e gu cairdeach riu
 Do 'n d'thug e gras, 's tha ann,
 Tha cinnteach a fhabhar, is
 Nach failinnich a chainnt;
 Ged lobhadh na raointean
 'S gun bheathach ni bhi 'sa ghleann,
 Ma 's d'theidheadh 'h-aon diubh gun' aran,
 Thigeadh manna 'nan ceann.

'S ged 'eil peacadhean dhaoine
 'G eigheachd dìtheachadh teann,
 Agus tearc dhiubh ri fhaotainn,
 Tha na 'm fireana' ann;
 Na 'm bitheadh h-aon diubh a'm baile
 Cha bhitheadh 'n tombas ud gann,
 Ghleidheadh sud dhoibh an talamh
 Gu sìoladh fearainn is fonn.

Ach 's minig thug e baile agus baile-
 'Seachad do fholamhachd ann,
 Is thug e dìthis a teaghlach,
 Is an deigh-san an clann;
 Cha bu deàrbhachd leam air e,
 Cainnt bho mho bheul,
 Ach deiligeadh Spioraid,
 'Sa thaghaid na dheigh.

Ged tha mi 'n traths anns a gheamhradh
 Thig mo shamhradh a dheigh ;
 Ach bha an claidheamh air a tharruing,
 Is dòrtadh fola do reir ;
 Is gach breitheanas eile
 Airson peacana dhaoine,
 'S geur-leanmhuin 'ga bhagair,
 Gu dearbhadh na'n naoimh.

Ach gach ministear arain,
 'S luchd-comuinn folamh gun bhrìgh,
 Fànaidh iads aig a bhaile,
 Mar choin airalach* gun di ;
 Ach dar thig àm feuchainn na h-ola
 Is coinneachadh 'n Rìgh,
 Bithidh iads' air am pilleadh
 Gu 'n aimhleas bhìbhuan gun chrìch.

XII.—*Oran a rinn e ri àm gainne, agus far-
 mad air éiridh na inntinn ri pailteas a chun-
 naic e aig coimhearsnach.*

GALAR cràiteach nach gabh dhìom àicheadh,
 Air teachd bho Adhamh, lean m' airneans' a nuas ;
 Galar éigin leis nach b'àill mo thréigsinn,
 Faic a Dhé e, ag iarraidh buaidh :

Galar clonail air feadh an t-saoghail,
 Is chaidh sgaoilt air feadh an t-sluaigh ;
 'S mur fhaigh mi léine† de 'n aodach chéireach,
 Bho Oighre Dhe, tha 'n còmhnuidh shuas ;

'S mur fhaigh mi léine de 'n aodach chéireach,
 Bho Oighre Dhe, tha 'n còmhnuidh shuas,
 An deis is àilte, nach imir tàilleir,
 'S nach iarr luchd-ceird gu a deanamh suas.

'S ge b'e thàradh do 'n tigh a's àirdé,
 Far am bheil àillteachd is brad na h-uails',
 Dh'innseadh Daibhidh, Maois, is Aaron,
 Peadar, is Paul, pàirt de a luach.

* A carcass. † A shirt.

XIII.—Oran a rinn e ann am bliadhna na gainne, rè Cogadh America ; anns am bheil e a' gearan, dar bha mòran ag iundrain an aran aimsireil, cho beag 'sa bha de mheas air an aran spioradail, bha pailt anns an tìr.

M'ULaidh m'aighear, m'ulaidh m'aighear,

M'ulaidh m'aighear meudal ;

'S tu fhreagradh glaodh na'm bochd,

Dar bhitheadh iad na 'n eigin ;

'S tu a chaisgeadh cumhachd na goirt,

'N uair bu mhò a h-eighe,

'S tu a chaisgeadh cumhachd a chlaidheamh,

'N uair bu mhò a gheurad.

M'ulaidh m'aighear, m'ulaidh m'aighear,

M'ulaidh m'aighear meudal ;—

Ged a lionmhoraich thu an t-aran*

Cha 'n 'eilear 'deanamh feum deth ;

Tha na treabhaich† 'dul a mach,

'S cha 'n 'eil maitheas as an deigh ;

Tha 'n Tigh-stòr air a ghlasadh,

Cò dh'fhosgaileas na seulach' ?

Cia fhad a bhitheas e na bhonna creidimh,

Oibrichean is foghlum,

Is oibir na lagha ó 'n bhaile

Gun fhacal mu a deighne ;

A chuile bhrùit' cha 'n 'eil ri fhaighinn,

'Sa smùd cha 'n 'eil ag eiridh ;

Tha an Tigh-stòr' air a ghlasadh,

Cò dh'fhosgaileas na seulach' ?

Airson meud mo chiont

Is lionmhorachd m' eacoir' ;

Ged robh mise tric a' tagair,

Cha fhreagairear m' eighe ;

Ged robh mise tric a' tagair,

Cha fhreagairear m' eighe ;

Tha an Tigh-stòr air a ghlasadh,

Co dh'fhosgaileas na seulach' ?

* An t-aran spioradail.

† Ministeirean an t-soisgeul.

Dar bhitheas gach beul air 'n stopadh,
 Gun fhreagaireadh do 'n eighe,
 Sud Prionns' na beatha air a chasan,
 Foisg'lidh mis na seulach.
 Theid na treabhaich 'n sin a mach,
 'S bithidh maitheas as an deigh,
 S dar bheir thusa dhoibh do ghnùis,
 Bithidh ol' is tùis ri 'n teudan :
 Is thig an dealt gu frasach pailt,
 'S bithidh gart is alt ag eiridh,
 S bithidh na mairbh a' tighinn beò,
 Le feartain glòrmhor fein uat ;
 Bithidh an t-uan an àit a mhadraidh,
 'S Criosd an àit an dragoin ;
 S bithidh 'n fhàsaich na tobair uisg,
 Ged 'eil i 'n diugh na h-Eiphit.
 S bheir thu dhachaidh clann a chumhnant
 As gach taobh an d'theid iad,
 Dir tha do ghealladh dlùth
 Do Iudhaich is do Ghreugaich ;
 S as gach fine tha fo ghrein,
 Ni thus a 'n àird do threudan,
 S cha chuir bith-bhuantachd an ceill,
 Mheud 'sa rinn thu dh'fheum dhoibh.
 Thug thus' aodan do 'n chath,
 An lath' bu mhò eigin,
 Dar bha flaitheanas is talamh,
 Agus ifrinn le 'cheile,
 Air taomadh 'mach 'na t-aghaidh,
 Dh'fhuaisgil thus' na seulach'.
 M'ulaidh m'aighear, m'ulaidh m'aighear,
 M'ulaidh m'aighear meudal,
 S tu fhreagradh glaodh na'm bochd
 Dar bhitheadh iad 'nan eigin.

XIV.—*Oran a rinn e ann an tìmean triob-
 laideach.*

GU 'N tigeadh do rioghachd
 Mar lili anns a cheitean,

Le dealt na an gràs,
 Bheireadh fàs air na geugan ;
 Tomhas de n' Spiorad,
 Do ghlanadh mic Lebli—
 A mharbhadh na sionnaich
 Lean mis' a lios Edein.

Mo thruaighe 's mo chradh,
 Gu bheil an sgeul ud na firian!
 Cho tearc is a tha iad,
 A tharas a h-innseadh,
 Aig am bheil e ri fhaicinn,
 Beath' is cleachdadh na naomhachd,
 'S gu 'm feudar a chreidsinn,
 Gu bheil 'n teist'neas fìor-ghlan.

Mo thruaighe 's mo chradh
 Gur e-sud an caradh air daoine,
 Is iad 'tuiteam na 'n cadal
 Ann an seachranan claonaidh ;
 'S mur dean iad-fein tionnda
 Dh'ionnsuidh 'n Fhear-saoraidh,
 Tha iomlan gu 'n tearnadh
 A lamhan 'n fhear-dith'chidh—

A lamhan an deamhain
 Tha 'gan cumail mi-rianail
 An aghaidh a cheile,
 Le chuibhearta' dìomhair—
 Mar leòmhann 'san talamh,
 Rinn an tuigs' mar chriathar ;
 Ge bhithear 'gan teagasg
 Cha ghleidh iad a bhriathar'.

Gu 'm bu naomh, 's gu 'm bu naomh
 Do t-ainm-s' a ta glòrmhor,
 Gu 'm bheil fuighleach 'san talamh
 Do 'n d'rinn thu aithnicht' do thròcair ;
 Tha thu cinnt' ann do dheilig,
 'S tha thu-fein dhoibh mar phòrsan,
 'S tu 'mbaireas gu sìorruidh,
 'S cha chaith bliadhn' do stòras.

'Se aobhar chomhfhurt na 'n naoimh e
 Dar blitheas iad a' còmhradh,

Cho foirfe 's tha 'n ulaidh
 Ruith eadar am meòran :
 S ann bu mhaith i gu a cleachdadh,
 'S cha d'robh peacadh 'na cnòdach—
 fads' do 'n ulaidh an saoghal
 Sud iad saor dheth rè momaint.

Moladh bho an talamh
 Mar còin 'gaircal anns a cheitean ;
 Mar chalmanan a ghlinne,
 'S iad a' guil airson ea-còir,
 A' sealltuinn ris-sa chaidh tholladh,
 'Tarring beath as na gleusan,*
 S bitheas e-sa gu brach
 Mar dhìon laidir nach treig iad.

Nach h-ann 'sheideadh na gaoitean
 Air cramhan tioram na fasaich,
 Ach an deanamh e 'n tionnda
 Mar chraobh ghlas anns a gharadh :
 Mar chraobh Lebanoin is ghiuthais,
 Mar chraobh ubhail is phalim,
 Bheireadh meas agus toradh
 Nach gearradh am bās uath.

S ann mar sud 'tha lios an Tighearn
 Air a siòladh le gràsan ;
 S ann 'n sud 'chithear gu soilleir
 Deadh chladhach a ghàrnal—
 Geugan an lagha,
 'S dealt an t-soisgeil 'gan àrach,
 Bheireadh meas agus toradh
 Tre iom'dh ginealach 'sàlach.

Nach h-ann bhitheadh agam cridh'
 Leis am molainn ni b'fhearr thu,
 Airson teachd Fear-saoraidh,
 Is saorsainn a ghràsan,
 'huair buaidh air 'n t-saoghal,
 Air daoine, 's air Satan,
 S ged luidh 'n eunlaith air 'n ìobairt
 Cha do dhìbheadh Abram.

* Leòintean.

XV.—*Marbh-rann a rinn 'e do Mhaighstir*
HUISTEAN ROSS, Ministear a bha ann a
Cildonnan.

OCH is ochan mar tha mi!
 'Triall gach là do Childonnan,
 Ri bhi smuaineachadh t-àbhais,
 Agus blàthaid do chomuinn;
 Ge chòmhlaich an uaigh mì,
 'S mi 'n uairean 'ga taghaid,
 Cha sheas i dhomh d'ait, ach
 A' triall gu bràch as do dheigh.

B' fharasd' aithneachdan air do ghleus.
 Gu 'n d' robh do speid a' dul dachaidh;
 Dar theidheadh tu 'sa Chùbi,
 Bhitheadh fion ùir anns an fheasgair;
 Dar theidheadh tu 'sa Chùbi,
 Bhitheadh fion ùir anns an fheasgair;
 'S gach neach a ghradhaich an fhìrinn,
 Bu chaomh leo do theagasg.

Tha mi 'cuir fhianuis air do naimhdean,
 Mur innseadh tu 'n fhìrinn;
 'S mur d' fhuair iad do theagasg,
 'S cuis eagail ri innseadh.
 Bheireadh tu bainne do 'n uan,
 Agus biadh do 'n chaora',
 Is gheibheadh tu do 'n t-sedair,
 A chuid fein anns an fhìrinn.

Bheireadh tu bainne do 'n uan,
 Agus biadh do 'n chaora',
 Is gheibheadh tu do 'n t-seudair,
 A chuid fein anns an fhìrinn;
 'S dar thig iad-san cuideachd,
 Cha bhi thus' air do dhìteadh:
 Cha b' e sud do pheacadh
 Gu 'n ceileadh tu 'n fhìrinn.

B' e sud Ministear na comuinn,
 'N tra chruinnicheadh 'chòmhail,
 Dhaighnicheadh oibir an dearbhaidh,
 Na 'm bu bheag na 'm bu mhòr i;

ch airson a chealgair, bha
 Thu d'imcheist dha 'n gòmhuidh;
 heibheadh tu 'mach air a blilas e
 'S air fhoireachdan còmhla',

'e sud ceann nam peathraichean
 Agus cairid nam bràithrean;
 haobh na feòla 'sa spioraid,
 'S ceart a bheireadh tu gràdh dhoibh;
 eanna nna thu bha muileach,
 'S goirt a bluin rith', do bhàs-sa;
 ma dh'innseas mi 'n fhèirinn,
 B'e sud mo chaochla' cràiteach.

u'n cuimhnich an t-Ard-Rìgh
 Le fàbhar do leanabh,
 'a gleidheadh 'san t-saoghal,
 O gach baoghal is sgainnil;
 u'n lean e le naomhachd
 Bean na mìne 'bha ma' riut.
 iamb cha 'n fhaca mi h-aodan
 Ach fial, faolaidh is cainnealt.

u bhlath do na bochd' thu,
 'S bu cheann-uigh do 'n àraidh,
 do theaghlach a chreidimh,
 Cha 'n fhàca mi d' àicheadh,
 iamb cha 'n fhaca mi leithid
 De cheann peathair is bràthair;
 'tha e 'nis ann an teaghlach
 Cho saibhir 'sa 's àill leis.

ha b'e Ministèir an arain
 A bhagam ri iomradh,
 ch fear chunnaic 'sa dh'fhoirich
 De 'n ath-bhreith na dh'imireadh;
 ' prèisgeadh 'n t-soisgeul
 Bho fhoireachdain an'main,
 bheireadh chomhairl bhitheadh fìor-ghlas,
 'S bhitheadh ciallach ri leanmhuinn.

ch bbeirinn mo chomhairl,
 Ma theid mi 'sa Sgìre-sa,
 u 'n dean iad mo leabaiddh
 Co fagus 's tha sìnt' riut;

Oir cha 'n 'ell difir pearsa
 Ri fhaotainn 'san àit ud;
 Tha 'n Rìgh 'sam Baig'ear
 'San aon staid anns a bhabhuinn.

Gu bheil mis' de 'n bharaìl,
 'N tra bhitheas sinn 'g éirigh.
 Gu 'n aithnich mis' agus HUISTEAN
 Anns an dùsgadh a cheil',
 Dar thig trumpaid o 'n Athair
 Bithidh sin a chaitl anns a cheile,
 'S bithidh toiseach an rathad
 Aig na naoimh anns an eirigh.

XVI.—*Marbh-rann do HUISTEAN MATH ANACH, duine urramach diadhaidh, bhann am braigh Sgìre Chìdonnain, le ADAM GORDON, anns an aile cheudna.*

'S E do bhās-sa, HUISTEAN,
 Dh'fhag gle chiuirteach 'u-ar crìdh;
 'S dh'fhag muldach craiteach
 Am pobull a tha do d' dhì—
 'Se bhi dh'easbhuidh do riaghailt,
 'S do chomhairl dhiadhaidh gu sìth,
 Thug saors' do na ceudan,
 Gu 'n scasamh iad ann a stri.

Sud a bhuille bha ciùirteach,
 'Sa thug clann a chumhnant gu bròn,
 Gu 'm bheil na daimhean bha dlù' dhoibh
 Air an duanadh* fo bhord,
 Bheireadh a chomhairl bu diadhaidh,
 'Sa dh'fheuchadh 'n riaghailt bu choir,
 Do gach neach bhitheadh 'g iarruidh
 Gu bhi feuchainn an leon.

'Se bhi 'g amharc air d' āros
 Tha na chradh dhuinn 's gach am,
 Bhi 'ga faicinn na fasaich,
 Gun bhi an traths' innt' ach clann—

* Dùineadh.

had an ionad bha fùghail,
 Le seinn is ùrnuigh 'na ceann,
 Ged dh'fholaich an ùir thu,
 Gun duil riut thigh'n ann.

N uair nach cluinn sinn do chomhradh,
 No aon *Note* bho d' bheul,
 Co dh'innseas n-ar cruaidh-chas,
 No ghabhas truas ruinn n-ar feum,
 Dar tha na Prapachan dileas
 Dol as an t-saoghal de leum ;
 Tha e soilleir ri'innseadh
 Gu 'n d'thug sud caoile air an treud.

Dh' fhàs an comuinn na 's fhuaire,
 O chaidh thu uainn, riut gun dùil,
 S nach cluinn mi bhi luaidh ort,
 Chuir sud gruaim ann ar gnùis ;
 Dir bha 'm briseadh cho chràiteach
 'S gun d' thug e bearn a n-ar dùthaich,
 Dheth an aireamh a b' àbhais
 Bhi moladh an Ard-Rìgh, le cliù.

Nàm fosglaidh a Bhìobail,
 A' cuir na fìrinn a suas,
 Gu'm bi léir air gach aon dhiubh,
 Anns gach Sgìre mu 'n cuairt :
 Fhìr a sheinneadh 'sa leughadh,
 'Sa dh' fbagadh deurach an gruaidh,
 Ged chosinn am bās thu,
 Rinn e blath dhuit an uaigh.

S mòr a bhearn a n-ar tìr thu,
 'S thug sud aonarachd òirne,
 S gach aon neach a chì mi,
 Tha iad mar dhaoin' ann an ceò :
 Ged tha sud na ni cinnteach,
 Gu bheil thu 'seinn ann an glòir ;
 Se dh'iarraidh 'n-ar crìdhe dhuinn,
 Gu 'm faighte rìst thu do 'n fheòil.

Bu shoilleir feartainn bho 'n Ard-Rìgh,
 Anns do nadur le buaidh ;
 Bhi'dh tu tiorcadh do chairdean,
 Is dìor do naimhde le truais ;

Bha do chomhairl is d' iompaidh
 Cuir cosg air cunntaidh'n cruaidh,
 'S 'nuair a thionailadh chomhail,
 Bu bhinn do chomhradh 'nam chluais.

Ach sguiridh mis de d' mholadh,
 Oir theirig mo chail,
 'S thaobh 's nach d' fhuair mi gibht leirse,
 Gus na dh' fheudainn a radh,
 Air chor 's gu 'm b'urra mi iomradh,
 Mu thimchioll do bhais,
 Bha taitneach 'san am sin
 Do na h-aingil' a b' aird'.

XVII.—*Marbh-rann do SHEARRA M' CULLOCH, bha 'n Dornoch, a bhathadh 'sa Phort-mhor.* Le SAMUEL MATHANACH.*

GUR fada buain chaidh am fuaim
 Air gluasad suas na trompaid,†
 Mais an t-sluaigh na luidh 'sa chuan,
 Is ósnaich bhuan 'ga iundrain.

Ceann-uidh nam bochd, na luidh 'sa Phort,
 'Sa mhac gu bochd 'ga iomnadh sud—
 Ach tha mis' an dochas, 'm Fear a ghleidh Ionah,
 Cho fada beo 'san ainmhidh ud,

Gu 'n gleidh e e-sa, bho bhuil' an Eisg,
 Ach am faighear e, mar 's ionmhuinn leinn,
 'S gu 'n d'theid gu h-ordail, 'chuir do Dhornoch,
 Far 'n d'robh e beo 's gu 'm b'ainmeil e:
 Mar thaic 's mar shìth, mar phrap 'san tìr,
 'S cha 'n fhaighte trì an Alba' dheth.

* Hugh M'Culloch, Esq. late Sheriff Substitute of Dornoch, who with many others, was drowned in crossing the Meikle Ferry—a man, with his other good qualities, eminent for piety, and whose death is much and justly lamented by many, and in particular by a large circle of his Christian acquaintances in that country.

† In singing the Elegy, every two lines are twice repeated.

S gur e th'air innseadh 'feadh na rioghachd,
 "Cha 'n fhaic sinne a choidche cho dealbhach riut ;"
 Dar theidh' tu a sgaoileadh d'fhoireachdan ghaolach,
 Eadh gu 'n taobh'cheadh leanabaidh riut.

S dar theidh' tu dh'ùrnuigh, 's gaoth 's na siùil aga d',
 Bhitheadh tu mar dhriùchd do anamana ;
 Bhitheadh blas na mealach tighinn bho t-anail,
 Dar bhithéadh d'anam 'sealbhachadh.

S dar mhìnich' tu 'n fhùrinn, 'mach as a Bhiobal,
 Gheibheadh gach aon an dearbhachd uat :
 Bhitheadh do chàirdean guil 'sa gàire,
 Dar bhithéadh do bheul-s' 'ga h-ainmeachadh.

S dh'inns' tu do chàch nach d'robh 'sa chlàr,
 Aon fhacal tèar'nte gu earbsa dhóibh,
 Iur tionnda' iad gun dàil gu Rìgh nan gràs,
 Gu 'n deanadh 'm bās a dhearbhadh dhoibh.

Ch tha bochda' 'n t-sluaigh ri gearan chruaidh,
 Mo thruaigh ! gu 'n deach' thoirt im'rich uainn ;
 Dar tìr gu slàn, air fhàgail fàs,
 Gan neach ni àits' a lìonadh dhuinn.

Cha na bh'agad de naimhdean 'g éirigh a 'nàird,
 'S iad féin 'sa Sàtan geannhuineach ;*
 Cha iad an tràs' aig fois is tàmh,
 Oir bha thu na d' plaigh 's na t-imcheist dhoibh.

Ministeirean gun ghràs, 's cealgairean fàs,
 Cha 'n 'eil do bhās 'gan comraigeadh ;
 Ior 'n ionann sud 's do chàch, a fhuair dhe do ghras,
 Cha sguir gu bràch de d'ainmeachadh—
 Cha 'n 'eil gu leòir, air an taobhs' de Ghloir,
 Na ni an cuid leon-s' a thiomachadh.

Ann leam gur cinnt', gur iad bhitheas tinn,
 Aig àm na seinn a' crìochnachadh ;†

* Joyful or merry.

† Alluding to a fellowship meeting held in the neighbourhood of Dornoch, which he regularly attended.

Bhiodh cheols' dol suas gu Rìgh na' sluagh,
 'S bhiodh leòntaich through gle inntinneach.
 'S dar theidh' tu dh'ùrnuigh, aig àm an dùinidh.
 Bhiodh iomadh sùil 'gan tiormachadh :
 Ghluaisedh marbh, is sheinneadh 'm balbh,
 'S bhitheadh cnamhan marbh a' tiomsachadh.

'S mu dheighne do chliù, tha e na 's mò,
 Na gu 'm b'fhiù sinn bhi 'ga leanmhuinn sud ;
 'S cha 'n urra gu bràch rè feadh n-ar là,
 Le teanga Bhard do dh'ainmeachadh.

Ach seall 's gun dàil 'nuas air na dh'fhag
 Gu toirt dhoibh pairt de 'n ionmhas ud,
 'Thug è-s' gu tear'nt, gu cala na slaint,
 'S gu bràch cha 'n fhaic e cunraigeadh.

Ach a Rìgh na 'n gras, thug è-sa 'naird,
 Cuir a dheis gu slan air aon-ghin-mie ;*
 'S mu dheighne chaich, cha 'n urra mi radh,
 Do thaobh 's nach fhar mi 'n ainmeachadh.†

Ach fhuair mi cliù, air a chuid bu mhò,
 Bha glé chùr gu leanmhuinn ris :
 'Sa mheud sa beòl domh, 'm fad's bu bheò iad,
 Bu mhòr an leòn a h-Albain iad.

'Sa Chirsti ordail Nic-an-Toisich
 'Se do dhoighs' bha ionmhuinn leam :
 Bha thu deanamh, gun bhi 'g fheuchain,
 'S do chuid deur 'gan tiormachadh.

'S dar rinn mi t-fhagail, 's guidh gu slan duit,
 Bha mi cradh gu h-uaigneach ;
 'S thuir mo bheal e ris na bha laimh rium,
 Cha 'n fhad an dàil gun iomlaid duit.

Ach fhir a dh'fhag i, lean's a raidean,
 'S bheir iad tear'nt gun iomrall thu.

* His only son, at present a Captain in the Army.

† Alluding to those that have been drowned with him, and whose names had not at this time been ascertained.

XVIII.—*Oran do Mhistrèss GORDON, bean urramach bh'n Achadh-na-mòine, ann an Sgìre Chill-donnain.*

OICH is ochan mar tha mi,
Is Iordan a bhàis na chuan bàthaidh,
'S nach faigh anam 'null air teàruint',
Ach mheud 'sa shealbhaicheas do gràsan.

Ach fhuair thus' ntl air aon uair a Bhettie,
Is fhuair thu saoras corp a pheacaidh,
Ged b' iomadh uair gu 'm b'e do bheachd-sa,
Gur tu bu mhò de na peacaich.

Ach seall-sa mhàn oirnn a t-fhàbhair,
N uair thug thu uainn' a gheug bha àluinn,
Air an d'robh na measan teàruinte,
'T-fhìor eagal is gaol nam bràithrean.

Fhuair thu farsuingeachd gu sgaoileadh
Na thàr thu riamh de' n t-saoghal:
Fhuair thu beachd air mar na plaosgan,
Is fhreagair thu leis-san faithn an Fhir-shaoraidh.

Sgaoil thu e air na bochdan,
Is tha thu nisean 'buain an ocair,
Is na tha ad dheigh-san dhiubh 'sìor osnaich,
Mo thruaighe leir gu 'n deach i as so.

Roghnaich thu iad as an t-saoghal,
Roimh dhaoine mòra lan de mhiltean,
Is tha thu 'nis 'nan cuideachd dhaontan,
Mar ri Abraham agus Isaac.

Dh'eirich dhuit-san sud glé thrathaid,
Mar dh'eirich do Mhaois air nighean Pharaòih:
Roghnuich thu cuideachd nam braithrean,
Roimh uile ionmhas an tigh a 's àine.

Is ged bhiodh iad-san bochd gun aodach,
Gun òr gun airgiod anns an t-saoghal,

'N uair chitheadh thu-san an aodainn,
Lionadh do ghnùis làn de dh'fhaoilt riu.

Dar thigeadh tusa gu tigh na còmhlaich,
'S mise nach cuinneadh fuaim do bhrògain,
Is bheag air mhòr na bhiodh do mhòd ann,
An t-aite a b'isle b'e sud do *phòrsan-sa*.

'N tra bhiodh mnathan fuar gun ghrasan
'G iarruidh an t-suidheachan a b'airde,
Thigeadh thusan a steach gu sàmhach,
Is shuidheadh tu shìos, gu 'm b'e sin t-abhaist.

Fhuair thu spiorad na fìor àicheadh,
Is chleachd thu i fhad 'sa bha thu ;
Fhuair thu saoras daorsan Pharaoidh,
Ge tric a dhearbh e dhuits' na namhaid.

Fhuair thu neo-lochduidheachd a cholunain,
Fhuair thu gliocas na beist a mharbh sinn,
Fhuair thu 'mach bhò 'n h-uile an-earbsa,
Is fhuair thu creideamh air a dhearbhadh.

Bha thu maiseach ann a t-aogais,
Is dh'aicheadh thu *fasanan* an t-saoghail,
Ghabh thu taitneas ann an naomhachd,
Is tha thu nis air do lán shaoradh,

Cha 'n fhaicinn fheim ort stoc no cràbhat,
No léine bheag mar tha aig an àrdan ;
Ach neapaig shingilte air do bhraghaid,
Is thu mar rialt air beinn glé arda.

Mar bhaile air cnoc thu bha gle dhealrait',
Ged bhitheadh tu-fein 'ga t-fhalach ;
Gur beag an tìom 'bbithite far riut,
Dar chithite gu 'n shealbhaich thu fìor sholus:

Ghabh thu taitneas anns an fhìrinn,
Is rinn thu cuideachd de na Bhìobal ;
Ughdairean diadhaidh 's iad bu chaomh leat,
Is bhitheadh tu 'nam measg dar a dh'fhaodadh.

Eu cheann uidhe thu do gach àraidh,
 Do dhaoine uailse 's do 'n bhoichd bu tàire—
 Ach mbeud 'sa shealbhaich fìor-ghràsan,
 B'e sud do roghainn de na bhà so.

Mhais nam ban thu BHETTIE GHORDAIN;
 Co chunnaic 'riamh do 'm b'eòl thu,
 Nach taitneadh riu do chòmhradh,
 Is tha thu nìsean thall air Iordan.

Fhuair thu peighinn dhe òr Sheba,
 Is dh'fhuasgail e ortsa ann a t-éiginn,
 Is phaigh e uile na bha de dh'fheich ort,
 Is thug e nis gu Pharras Dhé thu.

Is ma thug thus' ise a nàirde,
 Pìll-sa 'mamtal air na dh'fhàg i,
 Dean-sa mar phropach anns gach àit iad,
 Bhìos mar bhasgadh do na càirdean.

Och, fhir a fhuair i is a dh'fhàg i,
 'S ann leam-sa nach b'ionadh thu bhì cràiteach;
 Ach dean-sa do dhìcheal cho fhad 'sa thàras,
 Gu 'm bi agad peighinn de n fhìor eàrlas.

Is 'n uair a choinnicheas sibhse a cheile,
 Moch 'sa mhadainn aig an ais-cirigh,
 Bithidh n-ur gaol is n-ur daimhe d'a cheile,
 Air dhoigh 's nach h-urrair chuir an ceill so.

Is dar bha mi 'ga do chaireamh,
 'Shaoil leam fein gu 'n robh mi cràiteach,
 Ri bhì a' smuainteachadh air t-àbhaist—
 C'ait' am faic mi do léithid ri àireamh?

Cha b'e bròn idir le an-earbsa,
 Ach bròn bhì 'dealachdainn gu dearbh riut :
 Is ged a shiubh'lainn-sa feadh Alba,
 Cha mhòr a chithinn-sa de d' dhealbs' ann.

Ach sguiridh mis' a nis do dh' radh so,
 Òir cha 'n urrainn mi do chuir an dainteas,
 Meud do bhuaidhean-sa ri aireamh,
 Cha chuirte an ceill le teangan bhaird iad.

**LXX.—Oran do NIAL MACPHERSON, a bhe
na Fhear-Ceasnachaidh an an Sgìre Hac-
ric, ann an Gall'aobh.**

'S ANN air mhadainn Di-mùirt
Fhuair mi sgeula do chaochlaidh,
Gu 'n deach NIAL thoirt a 'naird
Gu tearuinte do 'n rioghachd.
Tha iomadh an Sgìre Hacric
Gle chraiteach do dhìth-san ;
Oir bha thu mar bbeul dhoibh
Mar bha Aaron do Mhaois sud.

Bha thu dhoibh 't-athair gle thearuint',
Cho fad 'sa bhia thu san t-saoghal ;
Is chlotheadh tu os'chean shatain,
Dheanadh na braithrean a sgaoileadh,
Cheileadh tu 'm failligean
O'n naimhdean 'san t-saoghal,
Is dheanadh tu 'm brisidhean chaireamh
Le d' dhaimh is le d' dhilseachd.

Ach cha b'ann le fuirm na diadh'achd
Bha do thriall cho fhad 'sa bha thu :
'S ann bha thu 'sibhal gu h-ìosal
Mar Chriosduidh bha tearuint'.
'S gu 'n robh teistean fhuair air
Aig caochladh do bhàis-sa.
Chaidh tu dhachaidh le d' fhuair,
Nam boil le cumhadan Shatain.

Ach na 'm faicinn' neach bhiodh dileas
As an Sgìre ud dh'fhag thu,
'S gu 'm biodh agamas comhairl'
Gu 'm b'e so i an drast dhoibh ;
Iad do cheangal le ùrnuigh,
Anns an dlùiteachd an d'fhag e ;
Mus canadh na naimhdean 'san t-saoghal
Gu 'n dhibir an gradh ac.

S m'èr tha de neul diomaidh
 Air a ghrund ud dh'fhag thu,
 S air gach Sgìre mu 'n cuairt dha,
 Bhi toirt uath 'n fheoghainn b'fhearrd' iad—
 Gun neach a bhi 'g éiridh
 Dheanadh feum ann an ait-san :
 S ann tha sinne air n-ar seideadh
 Le fein agus ardan.

Bha do bhuaidhean-s' do-aireamh,
 Cor nach fha' mi do 'n innseadh,
 Ged bhiodh agam gibht bhaird
 Do chuir 'mhan ann an sgriobhadh.
 Cha b'urrainn mi aireamh
 Na bha rì radh mu d' thimchioll,
 Is tha thu nise do thamhteachd
 Far nach fhail'nich an gaol thu.

Ach 's iomadh oidch' bha miscan
 Ri do chlisich, 's bu bhlath i,
 'S cùbhr' gheibhinns' t-anail
 Mu gach anam de 'n phàrt ud,
 Is dheanadh e dhuit ciùrradh
 Aon droch cliù mu 'n phàrt ud ;
 Oir bha thu mar an drùchd dhoibh,
 Ann an dlùithteachd 'san daimh riu.

Ach c'ait' an teid mis' do dh'iarruidh
 Fear do rian-sa anns an t-saoghal,
 'S tu chumadh taic ris na bochdan,
 Is cha chuireadh tu uat iad nam faodadh.
 Ghabhadh tus' na t-uchd iad,
 Ged bhiodh iad bochd anns an t-saoghal,
 Cha dheanadh tu an aicheadh
 Ged bhiodh cach 'gan diteadh.

Fhuair thu gibht o 'n h-ardean,
 Fhuair thu grasan is gaol uath.
 Tha iomadh an Sgìre Hacric
 A tharas sud innseadh—
 Nach fhaic iad 'san fhasaich
 Neach na b'aillt ann a t-imeachd,

Is tha thu nis air do thamhteachd,
Mar ri Abr'am is Isaac.

XX.—*Marbh-rann do SHEORAS MACAOI
Fear Arichlinie, an Sgìre Chill-donnain.*

1809.

'S CRUAIDH an sgeul, a fhàir mi an dè,*
Gu 'n d' thug 'n t-Eug air fallbh thu uaim!
B'fhear thu bha treun, gu obair Dhe,
'S bu mhòr n-ar feum 'n Albain ort.

'S cho teare 'sa tha de chàinn no slainte
Air feadh gach ait' an tionndà sinn,
'Sa chuid a b'fhearr, 's bu phailte gras,
Air fagail bān nam beanntaichean.

Bha thu mar rialt aig pobull Dhia,
Do dh'fheuchainn sgianh an t-Slanuigh'ear,
Oir bha do dhiadhachd ann do ghniomhairean,
Reir do bhriathran tabhachdail.

Chum teagasg chaich air chinn a bhāis,
'S tu fein do gnath mar riaghailt dhoibh;
Le tuigse gheur, bhā cante ri feum,
'S i ullamh rèidh, neo-chianaileach.

'Se Bean na h-Ari, 'nis a dh'fhug thu,
Ann an fhasaich aonarach:

'Tha i fo bliron, 's gach neach tha beò
De 'n teaghlach mhòr a dh'araich i.

'Tha sinne fo ghruaim, thaobh mèud do lùach,
Dhol uainn cho luath do shìorruidheachd:

* A slow tune suits best, and every second couplet may, with advantage, be repeated twice, and the second time on a higher key.

Ach moladh Dh'a-sa a thionnd' am bās
Bho aobhar craidh is cianaileachd,

Gu aoibhneas mòr, do chlainn na glòir,
Dh'an d'thug E còir air oighreachda':
O'r chaidh E suas, gu Caithir truas,
Chum ait an duais a dhaighneachadh.

S ge cruaidh an cas dhol tre na bhās
Do luchd dha 'n stadh an saoghal so,
Bithidh pobull Dhia gun tuille pian,
Rinn feartan Chrìosd an saoradh uath.

Tha Ainglean naomh, le aoibhneas caomh,
'Gan toirt bho dhaors' 's bho thruaillidheachd,
S bithidh iad a' seinn, le òran binn,
Bho linn gu linn tre shiorruidheachd.

XXI — *Marbh-rann do HUISTEAN MACAOI, Odha do Fhear Arichlinie, an Sgìre Chill-donnain, chaidh thabhairt air falbh leis a bhas 'n IAMECA, 1814. Le a Bhrathair a seana.*

SE mo chridhe-sa tha ciùrteach,
Se mo shuilean tha deurach,
S mi 'ga t-iundrain, HUISTEAN,
'S tu 'sa 'n ùir 'n IAMECA!
S beag a shaol leam, tra dhalbh thu,
Gu 'm be falbh e gun philleadh;
Ach tra dhealich mi 'n CROMBA,
'S tric a chrom mi gu sileadh.

Och! mo thruaighe mar tha mi,
Tra thug 'm bās uainn cho luath thu,
N còrp b aithe ar a charadh!
Gun aon de chardin ma 'n cuart da':

Ach bha do Phearsa cho briagh,
 'S cho ciallach do chleachdamh,
 'S gu 'm bu lionmhor dhuit càrdean
 Anns gach aite gus 'n deach thu.

Ged 'eil thus' ann a sonas
 Fad a comas gach namhaid,
 'M feadh bhithis mise anns 'n t-saoghal,
 Bithidh mi caoineamb na dh'fhag mi :
 Bu mhor do mhaise 's do stuamachd,
 Bu mhor do bhuidhean ri 'n aireamb,
 Bu mhor do chobhair 'n cruadal,
 'S bu mhor do luach dhomh mar bhrathair.

'Ciod e their mi, mo mbathair !
 'Se 'n Rìgh 's ard a thug uainn e,
 'N Ti chuir sgiamh air cho àluin,
 'S iomhaigh a mbathair 'na ghruadhean :
 'S tha e nis air a shaoradh
 Bho gach daorsa agus truaighe ;
 'S tra thig deireadh an t-saoghal,
 Bheir e rist as 'n uaigh e.

Tha mi 'n duil gu 'n d'theid m'athair
 Gu cathair na 'n grasain,
 Ach a 'm faic e a roighuin
 Air taghadh na slainte :
 Tha a Spiorad 'n gleidheadh
 Anns na Flaithibh 's arde,
 Ann an ochd an Fhir-shaoraidh,
 A thug gaol dha nach failling.

Se do bhàs a rinn brònach
 Na tha beò dhe do chairdean,
 'S gach neach a bha eolach
 Air t-oig 's do phairstean ;
 Ach gabhamaid dochas
 Agus seoladh a t-abhais,
 Chum 's nach bidh sinn fò eagal
 'N uair a leagas 'm bàs sinn :

Chum 's gu 'm faic sinne e fathast
 Anns na Flaithibh cho sgiamhach.

'S e mar rialte anns 'n athar,
 'S a latha neo crìochnaichte,
 Air eideadh le naombachd,
 Agus fìrinn na Grian ud,
 A tha leighis a chlànn daoine,
 Le gaol, fo a sgiathan.

A CHRIOCH.

Lately Published,

And to be had of K. DOUGLAS, Tain; R. B. LUSK & Co. and D.
 MORRISON & Co. Inverness; and of the Translator,
 R. MACDONALD, Schoolmaster, Dingwall,

BUNYAN'S

LIFE AND DEATH OF MR. BADMAN,

In Gaelic, price 2s. 6d. in boards.

And to be soon Published,

BUNYAN'S

SIGHS FROM HELL,

In Gaelic, 1s 6d in boards.

☞ Subscribers taken for it by K. DOUGLAS, Tain; R. B. LUSK
 & Co and D. MORRISON & Co. Inverness; and by the Translator,
 R. MACDONALD, Schoolmaster, Dingwall. Of whom may be had
 the said admirable Books in English.

DOCUMENTS
IN ALPHABETICAL ORDER

1800

1801

1802

1803

1804

1805

1806

1807

1808

1809

1810

1811

1812

1813

1814

1815

1816

1817

1818

1819

1820

1821

1822

1823

1824

1825

1826

1827

1828

1829

1830

1831

1832

1833

1834

1835

1836

1837

1838

1839

1840

1841

1842

1843

1844

1845

1846

1847

1848

1849

1850

1851

1852

1853

1854

1855

1856

1857

1858

1859

1860

1861

1862

1863

1864

1865

1866

1867

1868

1869

1870

1871

1872

1873

1874

1875

1876

1877

1878

1879

1880

1881

1882

1883

1884

1885

1886

1887

1888

1889

1890

1891

1892

1893

1894

1895

1896

1897

1898

1899

